

FOGHLAM RO-SGOILE

A' Taghadh Foghlam Ro-Sgoile airson do Leanaibh 3 no 4 Bliadhna a dh'Aois

Bhon Ghiblean 2002 bha mar dhleastanas air Ùghdarrasan Ionadail àite foghlaim ro-sgoile maoinichte pàirt-ùine a ghlèidheadh do gach leanabh aois 3 agus 4 ma tha a phàrantan ga iarraidh. Tha Riaghaltas na h-Alba airson dèanamh cinnteach gum fiosraich clann tlachd an fhoghlaim mus tig iad dhan sgoil.

Buannachdan:

- Bheir foghlam maoinichte ro-sgoile cothrom dhan phàiste agad ionnsachadh agus cluiche còmhla ri caraidean
- Tha sgrùdadh air a shealltainn gu bheil foghlam math ro-sgoile a' cuideachadh leasachadh chloinne
- Faodaidh tu cùram-chloinne a chur air dòigh timcheall air an àite phàirt-ùine an-asgaidh a th' agad

Cò gheibh àite foghlaim maoinichte ro-sgoile?

San fharsaingeachd tha còir agad air àite maoinichte pàirt-ùine airson do leanaibh bho thoiseach an teirm sgoile a tha a' tòiseachadh as dèidh an treas co-là breith aca, a rèir stiùireadh Riaghaltas na h-Alba. Tha an dearbh latha a tha còir aig cloinn air àite air a chur sìos ann an lagh – tha tuilleadh mìneachaidh ri fhaotainn mu dheidhinn air làrach-lìn Parentzone (www.parentzonescotland.gov.uk). Faighnich don t-Seirbheis Fiosrachaidh Cùraim-Chloinne ionadail agad (www.scottishchildcare.gov.uk) càit am faigh do leanabh àite gu h-ionadail.

Faodaidh na leanas foghlam ro-sgoile a thoirt seachad:

- Sgoil àraich aig ùghdarras ionadail
- Clas àraich ann am bunsgoil
- Sgoil àraich latha aig ùghdarras ionadail no prìobhaideach
- Sgoil àraich neo-eisimeileach
- Cròileagan
- Neach-cùraim chloinne clàraichte

A bheil a h-uile seirbheis chùraim-chloinne a' tairgsinn àiteachan foghlaim maoinichte ro-sgoile?

Chan eil. Is iad na h-ùghdarrasan ionadail a tha an urra ri àiteachan a chomiseanadh, agus feumaidh aonadan obrachadh ann an compàirt riuthasan. Gheibh thu a-mach bhon t-Seirbheis Fiosrachaidh Cùraim-Chloinne ionadail agad cò na seirbheisean a tha a' tairgsinn àiteachan

pàirt-ùine, no faodaidh tu faighneachd don t-seirbheis sholarachaidh cùraim-chloinne agad. Is dòcha gum bi agad ri coimhead feuch dè a tha ri fhaotainn san sgìre agad agus ri co-dhùnadh dè an t-seirbheis as fheàrr a fhreagras air feumalachdan do leanab. Ann an cuid a phàirtean dhen dùthaich bidh foghlam ro-sgoile ri fhaotainn ann an Gàidhlig.

Ciamar a tha an t-àite foghlaim ro-sgoile air a phàigheadh?

Ma tha an t-seirbheis sholarachaidh cùraim-chloinne agad a' tairgsinn àiteachan maoinichte, bidh iad a' faighinn maoinachas bhon Ùghdarras Ionadail a leigeas leotha àite pàirt-ùine a thairgse dhut an-asgaidh. Bu chòir gum bi an t-seirbheis sholarachaidh foghlam tràth no an t-Seirbheis Fiosrachaidh Cùraim-Chloinne agad comasach tuilleadh fios a thoirt dhut mu chosgaisean a dh'fhaodar iarraidh airson cùraim-chloinne ron àite shaor seo no as a dhèidh.

Dè tha clàradh agus sgrùdadh a' ciallachadh do dh'aonadan a tha a' tairgse foghlaim ro-sgoile?

Feumaidh aonadan a tha a' tairgsinn àiteachan foghlaim ro-sgoile a bhith clàraichte le Comisean a' Chùraim. Gheibh iad co-sgrùdadh riaghailteach bho Chomisean a' Chùraim 's bho Luchd-Sgrùdadh Foghlaim na Bànrigh. Bidh an luchd-obrach a' leantainn stiùireadh nàiseanta airson foghlaim chloinne aois 3–5 a tha a' brosnachadh ionnsachadh tro chluiche, 's feumaidh an t-seirbheis coinneachadh ris na h-Inbhean Cùraim Nàiseanta airson Foghlam Tràth agus Cùram-Chloinne gu Aois 16, mar a tha air a leagadh le Riaghaltas na h-Alba.

Faodaidh tu na h-aithisgean sgrùdadh as ùire iarraidh air an luchd-solarachaidh, no thoir sùil air na làraichean-lìn a leanas:

www.carecommission.com

Làrach-lìn Comisean a' Chùraim

www.hmie.gov.uk

Làrach-lìn Luchd-Sgrùdadh Foghlaim na Bànrigh

Bidh caochladh àireamhan luchd-obrach anns na diofar sheirbheisean, ach bu chòir gum bi co-dhiù aon neach-obrach mu choinneamh gach deichnear chloinne.

Dè an uair aig am bi an t-àite pàirt-ùine ri fhaotainn?

Tha an làn chòir airson 475 uair sa bhliadhna. Mar as trice tha seo air a libhrigeadh gu làitheil mar sheisean 2 ½ uair, madainn no feasgar, anns an teirm sgoile. Is dòcha gum bi e comasach dhut pàtran eile de sheiseanan fhaighinn a fhreagras air do leanabh no air a' phàtran obrach agad.

Mar eisimpleir, is dòcha gum biodh tu ag iarraidh dà sheisean san latha airson dà latha agus an uair sin aon seisean air latha eile. Ma tha thu ag iarraidh pàtran diofraichte, bu chòir dhut bruidhinn ris an ùghdarras ionadail agad mu dheidhinn. Ma tha thu ag obair no ma tha uallaichean eile ort, a tha a' ciallachadh gum feum do leanabh tuilleadh ùine san aonad, is dòcha gum biodh tu ag iarraidh pàigheadh airson tuilleadh uairean ann. Dh'fhaodadh tu cuideachd neach-cùraim a phàigheadh gu do leanabh a thogail no a thoirt dhachaigh.

Ciamar a lorgas mi àite foghlaim ro-sgoile do mo leanabh?

Iarr tuilleadh fiosrachaidh air an t-Seirbheis Fiosrachaidh Chùraim-Chloinne ionadail agad (www.scottishchildcare.gov.uk). Cuidichidh iad thu gu tuilleadh fhaighinn a-mach mu na roghainnean ionadail agad, agus bheir iad cuideachadh dhut cuideachd ma tha tuilleadh cùraim-chloinne a dhìth ort a choinnicheas ris na h-uairean obrach agad.

Mar as trice tha fiosrachadh ri fhaotainn cuideachd tro làraichean-lìn nan ùghdarras ionadail.

A' tòiseachadh san sgoil

Faodaidh clann tòiseachadh sa bhunsgoil san Lùnastal an uair a bhios iad eadar 4 ½ agus 5 ½ bliadhna a dh'aois. Tha a' chòir aig pàrantan inntrigeadh an leanaibh aca don bhunsgoil a chur air ais fhad 's a tha an leanabh còig fhathast an uair a thòisicheas e no i san sgoil.

Ma roghnaicheas pàrantan chloinne aig a bheil co-là breith san Fhaoilleach no sa Ghearran dàil a chur air inntrigeadh an leanaibh aca don bhunsgoil, tha còir aca air bliadhna eile de dh'àite ro-sgoile pàirt-ùine an-asgaidh. Tòisichidh a' chlann san sgoil san Lùnastal as dèidh a' chòigeamh co-là breith aca. Ge-tà, chan fhaigh clann aig a bheil co-là breith on t-Sultain chun na Dùbhlachd bliadhna a bharrachd de dh'fhoghlam ro-sgoile an-asgaidh ach le cead on ùghdarras ionadail aca. Ma tha thu airson dàil a chur air inntrigeadh do leanaibh don bhunsgoil, bu chòir dhut bruidhinn mu dheidhinn ri roinn foghlaim an ùghdarras ionadail agad. Tha tuilleadh fios mu chòraichean air foghlaim ro-sgoile 's mu thòiseachadh sgoile ri fhaotainn air làrach-lìn Parentzone (www.parentzonescotland.gov.uk).

A' faighinn a-mach tuilleadh

Faighnich don t-Seirbheis Fiosrachaidh Chùraim-Chloinne agad ma dh'fheumas fios a bhith agad:

- Air àiteachan foghlaim ro-sgoile don leanaibh aois trì no ceithir agad
- Cò na seirbheisean a tha clàraichte airson àiteachan an-asgaidh a thoirt seachad
- Air comhairle mu bhith a' measgachadh sheirbheisean gu buannachd do leanaibh 's gu coinneachadh ris na h-uairean obrach agad